

LEABHAR CLÀRAIDH

DUAIS
JOHN
MUIR

àiteachan
iomallach:
LORG
RANNSAICH
DÌON
ROIINN

Tha Duais John Muir gad bhrosnachadh airson ...

Àite iomallach
a lorg



A rannsachadh



Rudeigin a dhèanamh
airson a Dhìon



D'èolas
a roinn



D'èolas a chlàradh
ann am facail, dealbhan agus sgeidsichean ...

Ainm

Prìomh iomairt oideachail de Urras John Muir

JOHN
MUIR
TRUST

Ainm

Buidheann

Seòladh

Leabhar Clàraidh do Dhuais John Muir

Cleachd e airson d' eòlas a chlàradh – na nì thu, na chitheas tu, na dh'fhairicheas tu, is na lorgas tu a-mach ...

Dèan dealbhan, sgeidsichean no peantadh. Sgrìobh briathran, sgeulachdan, òrain, ainmean nithean, bàrdachd, no dèan notaichean neoghrinn gus do chuid obrach a chumail nad chuimhne. Steig rudan ann. Chan eil aon dòigh ann airson do leabhar clàraidh a lìonadh suas. Cha bhi dà leabhar sam bith co-ionnan.

Tha Leabhar-d Clàraidh air làrach-lìn an tairgse neach sam bith a chlàraich compàirt a ghabhail ann an Duais John Muir. Feumaidh tu cùinntas Leabhar-d Clàraidh fhaighinn bho cheannard na Duaise.

Tha do Leabhar Clàraidh na chuimhneachan pearsanta air dè na rinn thu. Cha leig thu leas a chur thugainn an uair a chuireas tu crìoch air Duais John Muir.

“Chan eil luchd-siubhail idir air Bàta na Cruinne. 'S e criutha a th'annainn uile.”

Marshall McLuhan



'S e Duais John Muir prìomh iomairt oideachail Urras John Muir. Tha Ionmhas Dualchas a' Chrannachair, Dualchas Nàdair na h-Alba, A' Chàirn Ghuirm, Na Sgìre Cuimbrìanaich, agus Loch Laomaínn a' cur taic ris an fhiosrachadh seo.

Dè a th' ann an Duais John Muir?

'S e duais sgeama àrainneachd, a tha a' cuimseachadh air àiteachan iomallach, a th' ann.

- Tha e gad bhrosnachadh airson a' bhlàr a-muigh a mhealtainn, tuilleadh fhaighinn a-mach mu nàdar is àiteachan iomallach, rudeigin a dhèanamh gus na h-àiteachan sin a dhìon, agus eòlas a roinn ri feadhainn eile air d' fhiosrachadh.
- Chan e co-fharpais no prògram air a sheatadh a th' ann, agus faodaidh na h-uile pàirt a ghabhail ann.

Tha thu a' gabhail pàirt ann an raon fharsaing de ghnìomhan a tha a' coinneachadh nan ceithir Dhùbhlain a leanas:



Ìrean Duais John Muir

Feumar an aon cheithir Dùbhlain a choilionadh airson gach ìre, ach le barrachd obrach a thaobh ùine, gnìomh agus dleastanas. Tha iad a' brosnachadh barrachd is barrachd compàirteachais.

Duais Discovery

dleastanas 4 latha
(no co-ionnan)
aig a' char as lugha



Duais Explorer

dleastanas 8 latha
(no co-ionnan)
aig a' char as lugha



Duais Conserver

dleastanas 20 latha
(no co-ionnan)
thairis air 6 mìosan
aig a' char as lugha

Airson Duais John Muir fhaighinn:

- feumaidh tu na ceithir Dùbhlain a choilionadh
- an ùine a chaidh a chomharrachadh a chriochnachadh
- nochdadh dùrachd agus dealas
- mothachadh air John Muir

A' buannachadh Duais John Muir

Faodaidh tu pàirt a ghabhail còmhla ri buidheann stèidhichte – le ceannard a chuireas cùisean air dòigh dhut, no a dhol an sàs ann ann an Duais John Muir nad aonar.

Airson Duais John Muir a bhuannachadh feumaidh tu a dhol tro cheithir Dùbhlain:

Àite iomallach a lorg

Dh'fhaodadh seo a bhith na àrainn na sgoile, pàirc ionadail, tràigh, coilltean, abhainn, gàrradh le fiadh-bheatha, beinn no pàirc nàiseanta.

Dè tha a' toirt don àite (no do na h-àiteachan) a'character nàdarra?

Dè tha ga dhèanamh sònraichte?

Carson a tha e na àite freagarrach airson gnìomhan do Dhuais?

Rannsaich e

Meudaich do mhothachadh agus do thuigse. Fiosraich, meal agus faigh a-mach tuilleadh mu dheidhinn d' àite no d' àiteachan iomallach.

Dh'fhaodadh tu:

- Tadhal aig iomadh àm a là sa dh'oidhch', aig ràithean eadar-dhealaichte, nad aonar no còmhla ri daoine eile.
- Siubhal fad is farsaing – coisich, campaich, thig air baidhsagal, thig air curach.
- Suidh, coimhead, èist – cuir an cèill na feartan agad.
- Aithnich agus rannsaich a-mach barrachd mu dheidhinn cruth na tìre, àrainn còmhnaidh agus nithean beò [bith-iomadachd] agus na ceanglaichean a tha eatorra.
- Dèan clàran-dùthcha. Tog dhealbhan. Rannsaich geòlas ionadail, eachdraidh nàdarra agus eachdraidh cultarach.

Dìon e

Gabh cùram de na h-àiteachan iomallach agad, gabh uallach pearsanta, dèan eadar-dhealachadh, cuir rudeigin air ais.

Dh'fhaodadh tu iad seo a dhèanamh:

- Gnìomhan practacach airson nàdair – suirbhidh air fiadh-bheatha no truaillleadh, togail truilleis agus cunntasan-sgrùdaidh, cur chraobhan agus phreasan , cur phlantrais airson fiadh-bheatha no gearradh às lusan coimheach, cruthaich no cùm sùil air àrainn-beatha.
- Iomairt agus teagasg cuspair àrainneachd no cuideachadh le bhith dìon àite iomallach.
- A' bhuaidh as lugha a nochdadh anns an doigh sa bheil thu dol timcheall do ghnìomhan.

Roinn d' eòlas

Innis dha càch dè bha thu ris – fiosrachadh , na choilean thu, faireachdainnean, dè chaidh ionnsachadh. Comharraich e!

Beachd smaoinich, thoir sùil air ais agus bruidhinn air do sgeulachd-siubhail agus air d' fhiosrachadh ann an àiteachan iomallach- dèan seo aig an àm agus as a dhèidh, gu neo-fhoirmeil no gu foirmeil.

Dh'fhaodadh tu iad seo a dhèanamh:

- Taisbeanadh de dhealbhan camara, de dhealbhan-peansail, sgeulachdan, bàrdachd, obair-ealain.
- Leabhar-latha buidhne - mar leabhar, taisbeanadh-balla no film.
- Cuir air dòigh taisbeanadh.
- Dhol an ceann cuairt-treòrachaidh timcheall d' àite iomallach.
- Cleachdadh cuairt-litrichean, làraich-lìn agus na meadhanan sòisealta.

Airson tuilleadh fiosrachaidh tadhail air www.johnmuiraward.org

An-seo faodaidh tu:

- Coimhead air film 10 mionaidean a tha ag innse beagan mu dheidhinn
- Lorg fhaighinn air Bileagan-iùil Ghoireasan le ceanglaichean agus le beachdan-smuain
- Coimhead air rannsachaidhean agus air filmichean a tha mach air mar a ghabh daoine eile

Cò a bh' ann an John Muir?

Tha sinn a' faighinn ar n-ainm bho John Muir (1838-1914) an neach-glèidhteachais Aimeireaganach a bha na cheannard buadh-mhor agus a bha eudmhor mu dheidhinn àiteachan iomallach. Rugadh e ann am baile-iasgaich Dùn Bàrr agus na leanabh ghabh e tlachd mhòr ann an obair nàdair.

Dh'fhàs seo gu bhith na obair beatha le bhith a' lorg, a' rannsachadh agus a' dìon àiteachan iomallach, agus a' roinn eòlas ri daoine eile. Choisrig e a bheatha gu bhith a' dìon àiteachan iomallach agus rinn e strì shoirbheachail airson Pàircean Nàiseanta a stèidheachadh airson sgìrean mòra de àiteachan iomallach a dhèanamh tèarainte, a' gabhail a-steach Gleann Yosemite ann an Calafornia.

Am bu chòir dha ciallachadh dad sam bith dhomhsa?

Ma tha John Muir fhèin na neach a tha fad às dha cuid, tha a theachdaireachd - gum feumar eòlas a chur air àiteachan iomallach, am mealtainn agus an dìon - buntainneach do bheatha gach neach san 21mh linn. 'S i an teachdaireachd seo a th' aig cridhe Duais John Muir.

“Nuair a dh'fheuchas sinn ri rud sam bith a chomharrachadh, lorgaidh sinn gu bheil gu bheil e co-cheangailte ri gach nì sa chruinne-cè.”



Gheibh thu mach fad a-bharrachd mu dheidhinn John Muir aig

www.discoverjohnmuir.com

[a-bharrachd air gnìomhan Muir, eiseimpleirean agus tachartasan], agus faic dè tha daoine òga a' smaoinichadh mu dheidhinn Muir le bhith a' lorg air loidhne am film 'John Muir Back to the Future.'



Dè a th' ann an Urras John Muir?

'S e Urras John Muir am prìomh charthannais glèidhteachais anns an Rìoghachd Aonaichte, a tha ag amas air saoghal far a bheil àiteachan iomallach air an dìon agus air an adhartachadh, agus air am meas airson gach neach agus leis gach neach.

Aig an àm seo, is ann leis an Urras a tha na sgìrean iomallach as fheàrr anns an Rìoghachd Aonaichte a' gabhail a-steach Beinn Nibheis, Sìdh Chailleann, Bàgh Sheannabhaid, pàirt den Chuilthionn san Eilean Sgitheanach, A' Chuinneag ann an Asainte, trì mìle acaire air Rubha iomallach Chnòideirt agus Gleann Lùid anns Na Crìochan.

Tha sinn a' làimhseachadh ar gnothaichean a-rèir tomhasan stiùiridh nam fearainn iomallach, a tha a' cuimseachadh air adhartas àrainn agus a' cuideachadh cruth-tìre agus eag-shiostam a tha nas nàdarra.

Tha Urras John Muir ag iomairt airson tuilleadh dìon airson talamh fiadhaich tarsainn na Rìoghachd Aonaichte tro iomairt an Fhearainn Fhiadhaich.

Bhon chaidh Duais John Muir a stèidheachadh leis an Urras ann an 1997, tha mìltean de dhaoine aig gach aois agus bho gach àite air Duais a chosnadh. Gach bliadhna, tha buaidh mhòr air a bhith aig gach neach a ghabh compàirt air iomadh sgìre iomallach tarsainn na Rìoghachd Aonaichte, a' càradh cheuman, a' gearradh às lusan coimheach a bhios gabhail thairis àiteachan, agus a' cur chraobhan – air am meas aig luach barrachd is £1 millean.

Tha còrr is 25,000 neach a' cur taic ri obair Urras John Muir. Mas fìor thoigh leat àiteachan iomallach feuch gun gabh thu ballrachd.

www.johnmuirtrust.org



Le bhith a' roinn d' fhèin-fhiosrachaidh, faodaidh tusa eòlas, oideachadh agus brosnachadh a thoirt do dhaoine eile mu dheidhinn d' àiteachan iomallach agus mu dheidhinn an fhiosrachaidh a thog thu airson John Muir.

Bha John Muir a' coimpàrteachadh eud airson àiteachan iomallach tro bhith a' bruidhinn ri daoine agus a' sgrìobhadh leabhraichean mu dheidhinn àiteachan iomallach.

Bidh an dòigh anns an dèan thu e an urra riut fhèin.
Seo dìreach smuain no dhà ...

- Cruthaich snaidheadh àrainneachail no pìos ealain bho nàdair
- Cruthaich bòrd-taisbeanadh
- Dèan clàr mu d' àit' agus innis dè tha ann
- Dèan postair no bileag mu d' àite iomallach
- Sgrìobh bàrdachd
- Tarraing dealbhan camara
- Gabh pàirt ann an dealbh-chluich
- Dèan làrach-lìn no bloga
- Cleachd na meadhanan sòisealta, #DuaisJohnMuir
- Dèan ceòl
- Dèan peantadh no sgeidseadh
- Bruidhinn mun latha timcheall air an teine campachaidh
- Thoir sùil eile air na 4 Dùbhlain
- Thoir caraidean air cuairt nàdair no slighe fo iùil
- Cuir air chois tional-sgoile

Cleachd an Leabhar-d Clàraidh mar phàirt den fhiosrachadh agad a-thaobh àiteachan iomallach, agus airson a bhith a' clàradh agus a' co-roinn. Faigh tuilleadh fiosrachaidh bho:

www.johnmuiraward.org/recordbook



Duais John Muir
Leabhar-d Clàraidh
Fiosraich, clàraich
agus co-roinn















JOHN
MUIR
AWARD

wild places:
DISCOVER
EXPLORE
CONSERVE
SHARE



JOHN
MUIR
AWARD

wild places:
DISCOVER
EXPLORE
CONSERVE
SHARE



DUAIS
JOHN
MUIR

àiteachan
iomallach:
LORG
RANNSAICHI
DION
ROINN



with the
CON
in recogni
responsib

P.T.

Peter Pear
Chairman,

with the
EXP
in recogni
responsib

JOHN
MUIR
TRUST

P.T.

Peter Pear
Chairman,

JOHN
MUIR
TRUST

AN DUAIS DISCOVERY

airson

mothachadh is cùram

mu àiteachan iomallach

a thoirt dha

P.T. Pearson

Peter Pearson

Neach-cathrach, Urras John Muir

JOHN
MUIR
TRUST

Nuair a smaoinichas sinn air a' Chruinne air fad mar aon dheur de dh'fhìchd, srianagach le dotagan de dh'èileanan is mòr-threan, ag itealach tro fànas còmhla ri na rionnagan eile, a' seim is a' dealradh còmhla mar aon, tha an Cruinne-cè mar stòirm neo-chrìochnaichte de dh' àilleachd. Tha an taisbeanadh miorbhaileach seo bith-bhuan. Tha a' ghrian an-còmhnaidh ag èirigh an àiteigin. Chan eil an drùchd aig àm sam bith a' tiormachadh sa bhàd. Tha fras gu sìorraidh a' tuiteam; Deatach gu sìorraidh ag èirigh. Eirigh grèine sìor-mhaireannach, Laighe-grèine sìor-mhaireannach, Camhanaich is Ciaradh sìor-mhaireannach, air muir, mòr-threan is eileanan, fear mu seach mar a tha an Saoghal a' dol mu chuairt. Tha *John Muir*

Cò dha a chuireas tu fios gu:

Ma tha thu airson tuilleadh fiosrachaidh mu **John Muir Award**,
faic www.johnmuiraward.org no:

Fiosrachadh Coitcheann

John Muir Award
41 Commercial Street
Edinburgh
EH6 6JD

Tel: 0131 554 0114

Post-d: info@johnmuiraward.org

Làrach-lìn: www.johnmuiraward.org

Airson fiosrachadh mu **Urras John Muir** rach gu:

John Muir Trust
Tower House
Station Road
Pitlochry
PH16 5AN

Tel: 01796 470080

Post-d: admin@johnmuirtrust.org

Làrach-lìn: www.johnmuirtrust.org

Com-pàirteachas agus Buidhnean-maoineachaidh

CAIRNGORMS
NATIONAL PARK AUTHORITY
ÙGHDARRAS PÀIRC NÀISEANTA A'
MHONÀIDH RUÀIDH



Is e companaidh carthannach Albannach a th'ann an Urras John Muir
cuingealaichte le barrantas
(Carthannas Àireamh SC002061 Companaidh Àir. SC081620).

Oifis chlàraichte: Taigh an Tùir, Rathad an Stèisein, Baile Chloichridh PH16 5AN